



ALI, HASSEN AGUS AN ASAL



Air ath-innse le Samira Zaidan • Na dealbhan Rosemary Woods

ALI, HASSAN AGUS AN ASAL



Air ath-innse le Samira Zaidan
Na dealbhan Rosemary Woods
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Bha Ali a' fuireach ann an dùthaich
fada air falbh.

'S e tuathanach a bha ann agus bha
aon bhalach, Hassan, aige.

Bha am baile beag aca astar fada
on bhaile mhòr.

'S e obair chruidh a bha aig Ali agus
Hassan air an tuathanas bheag ud.


Bha asal bheag għlas aca gan
cuideachadh leis an obair.



Latha bha siud bha Ali agus Hassan
uabhasach sgìth.
Bha iad air a bhith trang ag obair.
“Nach gabh sinn latha-saor?” arsa Hassan.
“Nach tèid sinn cuairt dhan bhaile?”
Bha Hassan airson am baile fhaicinn.
“Ceart,” ars Ali.
“Agus bheir sinn leinn an asal.”




4



5


An ath latha mach a ghabh Ali agus
Hassan dhan bhaile.
Choisich iad sìos an rathad agus choisich
an asal às an dèidh.




Thachair iad ri daoine air an rathad.
Chunnaic iad Ali, Hassan agus an asal.
“Seall an duine agus an gille thall an siud,” thuirt iad.
“Nach iad a tha gòrach!
Tha iad a’ coiseachd ged a dh’fhaodadh iad marcachd air an asail.”




Chuala Ali agus Hassan an rud a bha na daoine ag ràdh. Thuirt Ali ri Hassan,
“Carson nach marcaich thu an asal?”
“Nì mi sin,” arsa Hassan.
Agus chaidh Hassan air druim na h-asail.



Chùm Ali, Hassan agus an asal orra
air an rathad dhan bhaile.
Chunnaic daoine eile iad.
“Seall!” thuirt iad.
“Chan eil siud ro choibhneil.
Tha an gille a’ marcachd na h-asail
ach tha athair sgìth a’ coiseachd.”



8



Chuala Ali agus Hassan na rudan a bha iad
ag ràdh. Thuirt Hassan ri Ali,
“Thig mise dhith a-nis agus thèid
thusa oirre.”
Agus sin an rud a rinn iad.



9

Chùm Ali, Hassan agus an asal orra air an rathad dhan bhaile.

Chunnaic daoine eile iad.

“Seall!” thuirt iad.

“Chan eil siud ro choibhneil.


Tha an duine ud a’ marcachd na h-asail ach tha am balach bochd a’ coiseachd.”


Chuala Ali agus Hassan na rudan a bha na daoine ag ràdh.

Thuirt Ali ri Hassan,

“Carson nach tig thu air an asail còmhla riom?”

Mar sin chaidh Hassan air an asail cuideachd.






Chùm Ali, Hassan agus an asal orra air an rathad dhan bhaile. Chunnaic daoine eile iad.

“Seall!” thuirt iad.

“Chan eil siud ro choibhneil. Tha an duine agus am balach a’ marcachd na h-asail. Tha fios gu bheil iad trom. Bidh druim na h-asail goirt.”



Chuala Ali agus Hassan an rud a bha na daoine aq ràdh. Thuirt Ali ri Hassan, “Feumaidh sinn tighinn far na h-asail a-nis agus a togail. Sin an aon rud a nì muinntir a’ bhaile seo toilichte.”





Mar sin, thog Ali agus Hassan an asal tron bhaile. Chunnaic daoine eile iad.
“Seall!” thuirt iad.

“Tha an duine ud agus am balach
a’ togail na h-asail.

Tha fios gu bheil i glè throm.”

“Tha iad a’ coimhead gòrach!”
thuirt boireannach.

Bha iad uile a’ magadh orra.



Chuala Ali agus Hassan na rudan a bha na daoine ag ràdh. Thuirt Ali ri Hassan,
“Ciamar as urrainn dhuinn muinntir
a’ bhaile seo a riarachadh?”
“Chan eil fios a’ m,” arsa Hassan.
“Ach tha mise sgìth, teth agus tha mi
airson tilleadh dhachaigh.”



Mu dheireadh choisich Ali, Hassan
agus an asal air ais chun a’ bhaile bhig
aca fhèin.



Bha Ali agus Hassan uabhasach toilichte
air ais sa bhaile bheag aca fhèin oir cha
robh duine a' magadh orra.
Bha an asal toilichte cuideachd oir
bha i air ais aig an taigh.

16

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Foghlam agus Foillseachadh Proiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Samira Zaidan 1997

A' chìad fhoillseachadh 1997
A' chìad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riocdaichte air
MRG. Na còraichean uile gléidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann.

Tha Samira Zaidan a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 628 7